

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Leabhar Cheannanais agus Port mo Cholmaig (3)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,390. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,086 corresponds to Litir 1,390. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Tha Tòmas Keyes na neach-ealain stèidhichte anns an Eilean Dubh tuath air Inbhir Nis. Buinidh e o thùs do Bheil Feirste far an do dh'ionnsaich e sgilean sgrìobhaidh graffiti. An uair sin 'lorg' e na seann làmh-sgrìobhainnean Ceilteach a bh' air an dèanamh ann am manachainnean ann an Alba, Èirinn agus Sasainn o chionn còrr is mìle bliadhna.

Tha Tòmas ainmeil airson a bhith a' cruthachadh làmh-sgrìobhainnean ann an stoidhle Leabhar Cheannanais. Tha an snas-sgrìobhadh aige, agus an ealain aige, àlainn.

Tha mi airson innse dhuibh gu sònraichte mun teicneòlas aige. Tha e air a dhol air ais don teicneòlas a bh' aca anns an ochdamh linn nuair a bha manachainn ann am Port mo Cholmaig ann am Machair Rois.

Thug Tòmas sùil air an fhianais a lorg àrc-eòlaichean ann an cladhach ann am Port mo Cholmaig. Bha *scriptorium* – ionad-sgrìobhaidh – anns a' mhanachainn. Agus bha iad ag ullachadh a' chraicinn-sgrìobhaidh air an làraich.

Bidh Tòmas a' faighinn seicheannan-laoigh agus seicheannan-earba. Tha na laoigh air am breith marbh. Tha na h-earbaichean air am marbhadh le carbadan air an rathad. Tha Tòmas eòlach air **na lùban rathaid as cunnartaiche a th' ann** do dh'earbaichean.

Bidh aige ri craiceann-sgrìobhaidh a dhèanamh à seiche. Airson sin, feumaidh e an t-seiche a chur ann an leann alcaileach. 'S e an dòigh as fhasa sin a dhèanamh a bhith a' cleachdadh clach-aoil. Nise, ann an Lindisfarne, far an deach Soisgeulan Lindisfarne a dhèanamh, tha clach-aoil pailt gu leòr. Ann an Eilean Ì, far a bheil cuid a' cumail a-mach a chaidh Leabhar Cheannanais a dhèanamh, bhathar a' faighinn clach-aoil à Innis Choinnich, beagan mhìltean air falbh.

Ach, ann am Port mo Cholmaig, chan eil clach-aoil **ri fhaighinn** faisg air làimh. Bha aig na manaich an sin ri leann alcaileach a dhèanamh le feamainn. Bha iad a' losgadh na feamainn – gu sònraichte seòrsa ris an canar 'slaodach' no *serrated wrack* – agus a' dèanamh an leanna leis an luathre aice. Chaidh fianais airson sin a lorg leis na h-àrc-eòlaichean.

Chan eil an leann sin cho math ris an stuth a th' air a dhèanamh le clach-aoil. Nuair a bha Tòmas a' dèanamh craiceann-sgrìobhaidh le bhith a' cleachdadh

feamainn, cha robh e bàn agus glan mar a tha mòran de na làmh-sgrìobhainnean bho na meadhan-aoisean, leithid Soisgeulan Lindisfarne.

Mhothaich Tòmas – nuair a dh’fhàg e craiceann air frèam airson a shìneadh – gun robh bacteria a’ fàs air, a’ dèanamh cron air a’ chraiceann. Bha tuill bheaga ann agus smail ruadha. Cha robh sin idir coltach ris na craicnean a bh’ air an dèanamh ann an Lindisfarne.

Ge-tà, tha Tòmas ag innse dhuinn gum faicear a leithid air a’ chraiceann-sgrìobhaidh ann an Leabhar Cheannanais. ’S e an co-dhùnadh aigesan gu bheil e gu math coltach gun robh Leabhar Cheannanais air a dhèanamh ann am Port mo Cholmaig.

A bheil dòigh ann a’ chùis a dhearbhadh? Tha Tòmas ag ràdh, nam biodh cead ann deuchainn DNA a dhèanamh air a’ chraiceann-sgrìobhaidh, gum biodh iad comasach air coimeas a dhèanamh le cnàmhan-cruidh on ochdamh linn a chaidh a lorg ann am Port mo Cholmaig. Cha d’ fhuair duine cead airson a leithid de dheuchainn a dhèanamh. Ach ma thig cead uaireigin, bidh cothrom ann, math dh’fhaodte, dearbhadh gum buineadh Leabhar Cheannanais bho thùs do Mhachair Rois.

* * * * *

Faclan na Litreach: làmh-sgrìobhainnean Ceilteach: *Celtic manuscripts*; manachainnean: *monasteries*; Leabhar Cheannanais: *The Book of Kells*; snas-sgrìobhadh: *calligraphy*; seicheannan-laoigh: *calf hides*; seicheannan-earba: *roe deer hides*; leann alcaileach: *alkaline solution*; clach-aoil: *limestone*; Innis Choinnich: *Inch Kenneth*; luaithre: *ash*; àrc-eòlaichean: *archaeologists*; craicnean: *skins*; deuchainn: *test*.

Abairtean na Litreach: Tha Tòmas Keyes na neach-ealain stèidhichte anns an Eilean Dubh: *Thomas Keyes is an artist based on the Black Isle*; buinidh e o thùs do Bheil Feirste: *he belongs originally to Belfast*; far an do dh’ionnsaich e sgilean sgrìobhaidh graffiti: *where he learned graffiti writing skills*; tha e air a dhol air ais don teicneòlas a bh’ aca anns an ochdamh linn: *he has gone back to the technology they had in the eighth century*; Port mo Cholmaig ann am Machair Rois: *Portmahomack in the coastal lands of Easter Ross*; thug Tòmas sùil air an fhianais a lorg àrc-eòlaichean ann an cladhach: *Thomas looked at the evidence that archaeologists found in a dig*; ag ullachadh a’ chraicinn-sgrìobhaidh air an làraich: *preparing the vellum on site*; tha na laoigh air am breith marbh: *the calves are stillborn*; far an deach Soisgeulan Lindisfarne a dhèanamh: *where the Lindisfarne Gospels were made*; a’ losgadh na feamainn: *burning the seaweed*; cha robh e bàn agus glan mar a tha mòran de na làmh-sgrìobhainnean bho na meadhan-aoisean: *it wasn’t white and clean as are many of the manuscripts from medieval times*; nuair a dh’fhàg e craiceann air frèam airson a shìneadh: *when he left a skin on a frame to stretch it*; bha tuill bheaga ann agus smail ruadha: *there were small holes in it and orange stains*; gum faicear a leithid air a’ chraiceann-sgrìobhaidh ann an Leabhar Cheannanais: *that such things are seen on the vellum in the Book of Kells*; cnàmhan-cruidh on ochdamh linn: *cattle bones from the 8th century*.

Puing-chànain na Litreach: chan eil clach-aoil **ri fhaighinn** faisg air làimh: *limestone is not available nearby*. Ri fhaighinn really means ‘to be obtained’ but

can commonly be translated as ‘available’. An alternative, meaning the same, is ri fhaotainn.

Gnàthas-cainnt na Litreach: na lùban rathaid as cunnartaiche a th’ ann: *the most dangerous road bends [that are there].*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA